

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG AN CO-CHONALTRADH LE LUCHD-TEAGAISG ÙRA

15 An t-Ògmhios 2009

Thèid cuid de na prìomh cheistean ann am foghlam Gàidhlig a chur fon phrosbaig aig coinneamh an Glaschu de luchd-teagasg a th'air ùr-thòiseachadh 'nan dreachdan. Mairidh a' choinneamh, a tha a' tòiseachadh an diugh (Dilian an 15mh) dà latha.

Chaidh a' choinneamh a chur air dòigh le Bòrd na Gàidhlig agus tha e ag amas gu sònraichte air luchd-teagasg nach eil air a bhith ag obair ach airson bliadhna. Bidh an co-chonaltradh a' cur fàilte air an fheadhainn a th'air ùr-thòiseachadh agus a' toirt dhaibh cothrom a bhith a' togail air leasachaidhean agus a' rannsachadh cothroman a tha romhpa, agus dùbhlain a tha man coinneamh. Bidh iad 'gan comhairleachadh cuideachd le eòlaichean a tha air a bhith a' teagasg grunn bhliadhnaichean agus a' cluinntinn bho luchd-trèanaidh bho dhiofar roinnean de shaoghal foghlaim.

Tha luchd-teagasg bho air feadh na dùthcha gu bhith an làthair bho roinnean leithid leasachadh cànan, measadh chloinn-sgoile, leasachadh curriculum agus leasachadh luchd-obrach. Thuirt Rosemary Nic a' Bhàird, Ceannard an Gnìomh Bhòrd na Gàidhlig: "Thathas ag amas gu sònraichte an dràsta air a bhith a' trusadh agus a' fastadh luchd-teagaisg thar a h-uile raon de dh'fhoghlam. Tha sinn cuideachd gu math mothachail ged tha gum feum sinn a bhith a' tairgse taic is cobhair do luchd-teagasg a tha air ùr-thòiseachadh no nach eil a air a bhith fada 'nan dreuchdan, air ceistean leithid leasachadh proifeiseanta agus na h-atharraichean mòra a tha a' tachairt ann am foghlam. Tha e fìor chudromach gun urrainn dhuinn a bhith a' coimhead air adhart agus tha prìomhachas aig an luchd-teagasg an sin iad fhèin, gu sònraichte a thaobh a bhith a' comharrachadh càite a bheil uireasbhaidhean agus feumalachdan a thaobh trèanadh agus dìth ghoireasan. 'S e àm inntinneach le iomadh dùbhlain a tha seo ann an saoghal an fhoghlaim ach le na cothroman a tha "A Curriculum for Excellence" a' tairgse do luchd-teagasg tha e cudromach gum bi sinn uile adhartach agus air thoiseach. Tha leithid de cho-chonaltradh seo a' tairgse cothrom agus ùine dhan luchd-teagasg a bhith a' meòrachadh air na tha romhpa agus cuideachd a bhith an coluadar mu dhòighean obrach a tha soirbheachail ann an cuid de roinnean cudromach."

Bidh a' cho-labhairt a' dèiligeadh ri cuspairean leithid leasachaidhean ann an deuchainnean, teagasg matamaig tro Ghàidhlig, leasachadh cànan agus cleachdaidhean gu sònraichte ann

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



an suidheachaidhean bogaidh, teicneòlas ùr agus ciamar a thèid cuspairean àrd-sgoile an libhrigeadh tro Ghàidhlig.

'S i Angle a NicIlleBhrath, Oifigeach Fasdaish Luchd-teagaisg na Gàidhlig aig a' Bhòrd a tha air cùl a' cho-chruinneachaidh. Thuirte ise: "Seo an dàrna cruinneachadh dhe leithid agus tha fhios againn bhon luchd-teagasg fhèin cho cudromach is a tha e dhaibh gum bi cothroman mar seo aca agus iad a' gabhail na chiad ceumanan aca an saoghal foghlaim. Tha e gu math feagallach aig àmannan do luchd-teagasg ùra a bhith ag amharc romhpa agus tha a' cho-labhairt seo na phàirt dhen ro-innleachd nàiseanta againn a bhith a' cur ri àireamh luchd-teagasg na Gàidhlig air feadh Alba agus se aon dòigh air a bhith a' cuideachadh le bhith a' trusadh agus a' fasdadh barrachd dhaoine, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cuideachadh luchd-teagasg ùra le bhith a' tairgse taic agus comhairle a tha freagarrach aig àm gu math cudromach dhaibh 'nan dreuchdan."

Airson barrachd fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040.

Faicibh cuideachd: www.teagasg.com

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG HOSTS TEACHERS' SEMINAR

15 June 2009

Key issues in Gaelic education will come under the microscope at a two-day conference for probationer teachers which begins in Glasgow today (Monday, June 15, 2009).

The conference, which is hosted by Bòrd na Gàidhlig, is aimed primarily at teachers embarking on new careers and those who took up their last year. The conference will welcome new teachers into the profession and provide opportunities for them to examine the key challenges faced by new teachers in the early months of their career, and will draw on the expertise and advice of existing practitioners and leading teacher trainers.

The conference, which is being held in Glasgow, will hear from Gaelic teachers from across Scotland and experts in a number of fields such as language development, curriculum and staff development and pupil assessment.

Rosemary Ward, Acting Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig said: "There is currently a heightened focus on the recruitment of Gaelic teachers across all sectors of education. However, we are very aware of the need to offer newly qualified teachers and those who have recently joined the profession for a small number of years the support they need in terms of professional career development and the wider changes which are taking place in education. It is important that we can plan ahead and the teachers themselves have a key role to play in the way we do that, particularly with respect to identifying training needs and other resource issues. These are challenging times for everyone in education and with the opportunities that *A Curriculum for Excellence* offers teachers it is important that we are ahead of the game and this type of seminar offers teachers the time and space they need to discuss the issues and challenges they face, as well as share best practice and developments in key areas."

The conference will cover a range of different topics including developments in examination structures, the teaching of mathematics through Gaelic, language development and usage particularly in immersion classrooms, the use of new technology and the delivery of secondary subjects through the medium of Gaelic.

Angela McGillivray, Bòrd na Gàidhlig's Teacher Recruitment Officer is organising the conference. She said: "This is the second seminar we have held and we know from teacher feedback that the opportunity to discuss key issues is very important for staff, especially as they embark on new careers. It can be quite daunting for teachers in the early stages of their careers and this conference is part of our national strategy to increase the number of

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Gaelic teachers in Scotland and one way of helping the recruitment process by ensuring that we provide new Gaelic teachers with relevant support and advice at a crucial point in their careers.”

For further information on this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.

See also: www.teagasg.com